

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Dùghall Bochanan ann an Raineach (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,274. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 970 corresponds to Litir 1,274. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dh'inns mi dhuibh mu-thrath mun bhàrd agus sgoilear Gàidhlig, Dùghall Bochanan. Rinn mi sreath chunntasan mun duine ann an Litrichean sia ceud, caogad 's a ceithir (654) gu sia ceud, caogad 's a h-ochd (658). Chaochail Bochanan aig aois caogad 's a dhà (52) ann an seachd ceud deug, seasgad 's a h-ochd (1768). Bha e an sàs gu mòr ann a bhith ag eadar-theangachadh an Tiomnaidh Nuaidh gu Gàidhlig.

Bu toigh leam a dhol air ais a choimhead air Dùghall a-rithist anns an Litir seo. Tha mi air a bhith a' toirt sùil air leabhar mu sgìre Raineach ann an Siorrachd Pheairt. Chaidh 'Schiehallion' fhoillseachadh ann an naoi ceud deug 's a còig (1905). B' e am ministear ann an Ceann Loch Raineach, an t-Urr. Iain Mac na Ceàrdaich, a sgrìobh an leabhar.

Ged a rugadh Dùghall anns an Iomair Riabhach no *Strathyre*, faisg air Both Chuidir, chaidh e a theagasg ann an Raineach. Bha gràdh mòr aig daoine air anns an dà sgìre. Feumaidh sinn cuimhneachadh gun robh a' Ghàidhlig làidir ann an Siorrachd Pheairt agus Na Tròisichean aig an àm sin.

Tha Mgr Mac na Ceàrdaich ag innse dhuinn nach b' urrainn duine na b' fheàrr fhaighinn mar mhaighstir-sgoile ann an Raineach. Bha a' Ghàidhlig aig Dùghall sàr-mhath, **mar a bha a chuid Beurla**. Agus bha e a' cur sùim anns na sgoilearan aige. Bha e na mhaighstir-sgoile ann an Raineach airson seachd bliadhn' deug. Airson trì bliadhn' deug dhiubh sin bha e anns an sgoil ann an Druim a' Chaisteil, sear air Loch Raineach. An uair sin, bha e ann an Ceann Loch Raineach airson ceithir bliadhna.

Nuair a nochd e ann an Druim a' Chaisteil an toiseach, b' e a' chiad rud a rinn e gun deach e a thadhal air a h-uile pàrant anns a' cheàrnaidh. Dh'iarr e orra an cuid cloinne a chur don sgoil. Cha do dh'aontaich a h-uile pàrant sin a dhèanamh. Ach fhuair Dùghall sgoilearan gu leòr – balaich agus clann-nighean.

Bha Gàidhlig a-mhàin aig a h-uile sgoilear aige. Cha robh Beurla aig gin aca. Thòisich Dùghall air Beurla a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Chomharraich e gach rud anns an t-seòmar-sgoile agus rinn e cinnteach gun robh fios aig a' chloinn dè a' Ghàidhlig a bh' orra. An uair sin thug e a' Bheurla dhaibh air an son.

Chruthaich Dùghall seantansan beaga ann an Gàidhlig agus dh'iarr e air na sgoilearan an eadar-theangachadh gu Beurla. Cha robh iad a' sgrìobhadh nam faclan an toiseach. Bhiodh sgilean sgrìobhaidh a' tighinn na b' fhaide air adhart.

Bha an t-oideachadh gu lèir dà-chànanach. Gach rud a rinn na sgoilearan ann an Gàidhlig, bha aca ri eadar-theangachadh gu Beurla. **Mar an ceudna**, an rathad eile. Gach rud a bha iad a' dèanamh ann am Beurla, bha aca ri eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

Bha iad ag ionnsachadh cunntadh anns an dà chànan. Agus, leis nach robh eadar-theangachadh dhen Bhioball ann aig an àm, bhiodh iad a' leughadh a' Bhiobaill ann am Beurla agus ga eadar-theangachadh gu Gàidhlig Siorrachd Pheairt.

Thathar ag innse dhuinn gun robh Dùghall rudeigin cruaidh anns an t-seòmar-oideachaidh ach gum biodh e a' falbh a-mach a chluich cuide ris a' chloinn anns an raon-chluiche. Mar sin, bha a' chlann gu math measail air. Bidh tuilleadh agam mu Dhùghall Bochanan ann an Raineach an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Dùghall Bochanan: *Dugald Buchanan*; an t-Urramach Iain Mac na Ceàrdaich: *the Rev John Sinclair*; Both Chuidir: *Balquhidder*; Druim a' Chaisteil: *Drumchastle*; Ceann Loch Raineach: *Kinloch Rannoch*; oideachadh: *instruction*; cunntadh: *counting*.

Abairtean na Litreach: ann a bhith ag eadar-theangachadh an Tiomnaidh Nuaidh: *in translating the New Testament*; bha gràdh mòr aig daoine air anns an dà sgìre: *people in both areas loved him*; feumaidh sinn cuimhneachadh: *we must remember*; gun robh a' Ghàidhlig làidir ann an Siorrachd Pheairt agus Na Tròisichean aig an àm sin: *that the Gaelic language was strong in Perthshire and the Trossachs at that time*; nach b' urrainn duine na b' fheàrr fhaighinn mar mhaighstir-sgoile ann an Raineach: *that it wouldn't have been possible to get a better man as a schoolmaster in Rannoch*; bha e a' cur sùim anns na sgoilearan aige: *he respected his pupils*; b' e a' chiad rud a rinn e: *the first thing he did was*; gun deach e a thadhal air a h-uile pàrant anns a' cheàrnaidh: *that he went to visit every parent in the area*; dh'iarr e orra an cuid cloinne a chur don sgoil: *he asked them to send their children to the school*; balaich agus clann-nighean: *boys and girls*; cha robh Beurla aig gin aca: *none of them spoke English*; chomharraich e gach rud anns an t-seòmar-sgoile: *he pointed out everything in the schoolroom*; dh'iarr e air na sgoilearan an eadar-theangachadh gu Beurla: *he asked the pupils to translate them into English*; bhiodh sgilean sgrìobhaidh a' tighinn na b' fhaide air adhart: *writing skills would come at a later stage*; bhiodh iad a' leughadh a' Bhiobaill ann am Beurla agus ga eadar-theangachadh gu Gàidhlig Siorrachd Pheairt: *they would be reading the Bible in English and translating it into Perthshire Gaelic*; thathar ag innse dhuinn gun robh Dùghall rudeigin cruaidh: *we are told that Dugald was a bit strict*; a' falbh a-mach a chluich anns an raon-chluiche: *going out to play in the playground*; bha a' chlann gu math measail air: *the children were very respectful of him*.

Puing-chànain na Litreach: Bha a' Ghàidhlig aig Dùghall sàr-mhath, **mar a bha a chuid Beurla:** *Dugald's Gaelic was excellent as was his English. Cuid here refers to his own particular command of the language. A chuid mhac = 'his (particular) sons'. A cuid mhac = 'her (particular) sons'. Dwelly's dictionary gives a good account of 'cuid' and its various meanings and uses.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Mar an ceudna**, an rathad eile: *likewise, the other way.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA